

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 12 | 2014 | AN DUBLACHD

Facal Toisich

Cho luath agus a thèid bliadhna seachad! Anns an Dùbhlachd tha e nàdarra dhuinn a bhith a' coimhead air ais air a' bhliadhna a tha a-nis a' tighinn gu ceann.


Chan eil cor an t-saoghail ach mì-chinnteach aig deireadh bliadhna eile. Air a' bhliadhna seo tha cumhachdan dorcha millteach a' fiachainn ri làmh an uachdair fhaighinn ann an àiteachan leithid Iraq agus tha an obair olc, mort agus marbhadh, seo a' dol air adhart ann an dùthchannan eile. Tha Crìosdaidhean a' fulang gu mòr an cois an uamhais seo. Tha an Eaglais air a geur-leanmhainn, creidmhich air an cur as an dachaighean, ann an cunnart bàis mura tràig iad an creideamh Crìosdail. Chaidh na ceudan de mhiltean de Chrìosdaidhean ann an Iraq fhuadach às an dachaighean. Nuair a tha sinne beò ann an saorsa anns an dùthaich againn, nach dèan sinn ùrnaigh airson nam mìltean a tha a' fulang geur-leanmhainn.

Nuair a rugadh an Slànaighear chualas an teachdaireachd, "Sìth air thalamh". Chan eil an saoghal sìtheil agus bliadhna eile a' dol seachad. Feumaidh sinn a bhith ag ùrnaigh airson luchd-dèanamh na sìth agus airson gach neach a tha a' cur an aghaidh nam buidhnean an-ìochdmhor a tha a' dèanamh sgrios anns an t-saoghal.

Chuala sinn facal air nach lorg againn aig toiseach na bliadhna – Ebola. Tha an galar sin air milleadh do-chreidsinneach a dhèanamh ann an dùthchannan air taobh an iar Africa far nach eil na goireasan-slàinte aig an t-sluagh a tha againne. Ach mar a tha tric a' tachairt, tha boillsgidhean solais anns na suidheachaidhean as duirche. Tha dotairean agus banaltraman agus feadhainn eile à Breatann agus à ròghachdan eile air a dhol a-null gu ceàrnaidhean far a bheil Ebola air sgapadh airson cobhair a dhèanamh air na h-easlainteach agus comhairle a thoirt don t-sluagh. Tha eòlaichean trang a' fiachainn ri leigheas a lorg don ghalar eagalach seo, agus tha sinn a' cur luach air an obair acasan cuideachd.

Gach beannachd gu robh agaibh aig an àm as duirche den bhliadhna agus sinn a' cuimhneachadh air breith an Fhir-shaoraidh air a bheil mar ainm, Solas an t-Saoghail.

**Leis gach deagh dhùrachd,
Ruairidh MacLeòid.**




'S e taigh-adhraidh car eadar-dhealaichte a tha sinn a' sealltainn dhuibh air a' mhios seo. Seo an taigh-coinneimh ann an Cill Mo Luaig anns an Eilean Sgitheanach. Ged a tha e a' coimhead on taobh a-muigh mar a bha e anns na bliadhnan a dh'fhalbh, tha e an-diugh 'na thaigh-còmhnaidh. Tha e fhathast le Eaglais na h-Alba agus tha cothroman aig ministearan saor-làithean a chur seachad ann. Tha àite ann do shiathnar agus faodaidh iad suas ri dà chù a thoirt leo. Nuair nach robh na goireasan-siubhail ann a tha againn an-diugh rinn na miseanaraidhean a bha suidhichte ann an àiteachan leithid Chill Mo Luaig obair ionmholta.

Cùil nan Ceist

An turas seo 's e aodach an cuspair a tha anns na ceistean a tha sinn a' cur oirbh. Tha iomradh againn tric anns a' Bhioball air an trusgan a bhiodh air daoine anns an linn sin. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil agus anns a' chaibideil a tha sinn ag ainmeachadh.

1. Cò a bhiodh a' dèanamh iomall an aodaich mòr? (Mata, caibideil 23.)
2. Lìon a' bheàrn - "Biodh d'earradh anns gach àm ———". (Eclesiastes, caibideil 9.)
3. Cò a reub an aodach? (Gnìomharan, caibideil 14.)
4. Cò dan do rinneadh èideadh naomh airson glòire agus maise? (Ecsodus, caibideil 28)

An t-Urr. Teàrlach MacEanraig (1924-2014)



Nuair a sgaoil an naidheachd gun do shiubhail Teàrlach MacEanraig aig a dhachaigh ann an Ceann Loch Chille Chiarain air an treas latha deug den Dàmhair, dh'fhairich na bha eòlach air mar a dh'fhairich Daibhidh mu Abner mac Neir anns an t-Seann Tiomnadh, *Nach eil fios agaibh gun do thuit uachdaran agus duine mòr an-diugh ann*

an Israel? Bha Mgr. MacEanraig 'na ghaisgeach spioradail, 'na charaid dileas, air am bi ionndrain mhòr.

Rugadh Teàrlach ann an Aird nam Murchan air an darna latha fichead den Lùnasdal 1923. An dèidh dha an sgoil fhàgail bha e ag obair air tuathanachas aig oighreachd Aird nam Murchan, agus bha sin buannachdail dha 'na obair anns na bliadhnachan air thoiseach oir bha tuathanaich anns na trì sgìrean anns an do shaoithrich e gu dileas.

Nuair a thàinig an cogadh chuir Teàrlach MacEanraig 'ainm a-steach airson a dhol don Chabhach Rìoghail. Bha grunn de chloinn Mhic Eanraig air a bhith aig muir. Mar a thachair, chuir e còig bliadhna seachad ann an obair nan taighean-solais.

Chuala Teàrlach guth Dhè ga ghairm gu obair na ministrealachd agus chaidh e tron fhoghlam ann an Glaschu. Bha e air fear de bhuidhinn de luchd-Gàidhlig a thàinig a-mach 'nam ministearan an dèidh a' chogaidh mu dheireadh agus a lion beàrnann ann an coitheanal bàna. Fhuair e cead-searmonachaidh o Chlèir Mhuile agus ann an 1952 chaidh a phòsadh ri coitheanal Dhiùranais anns an Eilean Sgitheanach. Anns na trì sgìrean anns an robh e air a' cheud

Sàbaid shearmonaich a dheagh charaid, an t-Oll. Urr. Tòmas M. MacCalmain, a bha 'na fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*. Ann an Eilean a' Cheò choinnich Teàrlach MacEanraig ri banaltram, Diorbhaill Thorburn, agus bha iad 'nan cùl-taic dha chèile fad leth-cheud bliadhna agus ochd. Rugadh siathnar de theaghlach dhaibh, Flòraidh, Màiri, Somhairle, Caroline, Caitriona agus Dòmhnall (nach maireann). Gheibheadh càirdean agus coigrich fàilte bhlàth nuair a thadhlaid iad orra 'nan dachaigh.

Ann an 1959 ghabh Teàrlach ri gairm o choitheanal Ghlasaraigh ann an Earra Ghàidheal. Anns an sgrì sin cuideachd bha meas mòr aig an t-sluagh air, agus bha iad glè dhuilich nuair a ghluais e gu sgrì eile.

Ann an 1964 bha Mgr. MacEanraig air a shuidheachadh ann an Eaglais Ghàidhealach Cheann Loch Chille Chiarain, far an do chuir e seachad còig bliadhna fichead mar mhinistear. Nuair a chaidh a shuidheachadh anns a' choitheanal bha 551 de luchd-comanachaidh ann. Nuair a leig e dheth an dreuchd bha 710 air clàr a' choitheanail. Bha sin fhèin 'na dhearbhadh air cho soirbheachail agus a bha a mhinistrealachd anns a' choitheanal air an robh Caraid nan Gàidheal 'na aoghair tràth anns an naodhamh linn deug. 'S e *mo theaghlach gràdhach* a bhiodh aig Maighistir Teàrlach air an t-sluagh, agus bha gràdh acasan air-san.

Bha Teàrlach air a thaghadh mar Mhoderàtor air na trì Clèirean anns an robh e 'na mhinistear agus cuideachd air Seanadh Earra Ghàidheal. Bha e ga mheas 'na urram mòr nuair a bha e air a shuidheachadh mar a' cheud Mhoderàtor air Clèir ùr, Clèir Ceann a Deas Earra Ghàidheal.

Thàinig na ceudan cruinn anns an Eaglais Ghàidhealaich gu bhith a' cuimhneachadh air ministear a bha cho ainmeil. Bliadhnachan air ais bha e fhèin air na seinnean agus na leughaidhean airson na seirbheis a thaghadh. Bha na cuibhreannan seo air an leughadh; *Salm 107;1;21-31* agus *Marcus 4:35-41*. Sheinn balach òg, Ruairidh Wallace, laoidh Ghàidhlig.

Bha an t-Urr. Teàrlach MacEanraig 'na shearmonaiche tlachdmhor ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Bha e 'na dhuine glic breithneachail agus bhiodh ministearan òga agus iomadh neach eile a' cur luach air a chomhairle. Bha e 'na Chrìosdaidh blàth-chridheach a bha bunaiteach anns a' chreideamh.

(Thogadh an dealbh de Mhgr. MacEanraig a chì sibh gu h-àrd an-uiridh taobh a-muigh a dhachaigh ann an Ceann Loch Chille Chiarain agus tha an loch air a chùlaibh.)

Leabhraichean

Chaidh iomadh leabhar a sgrìobhadh mun Eilean Sgitheanach ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Ach tha an leabhar mòr seo eadar-dhealaichte ris gach leabhar a thàinig roimhe. Thàinig leabhraichean eile am follais mu sheallaidhean an Eilein, mu 'eachdraidh, mu a bhàrdachd. Tha fiosrachadh mìorbhaileach againn anns an leabhar ùr seo mu na daoine, fir agus mnathan, aig a bheil buntanas ris an Eilean Sgitheanach, feadhainn a rugadh ann, feadhainn a bha a' fuireach ann, feadhainn a thàinig an sinnsearachd as an eilean. Tha iomradh mionaideach againn air torr dhaoine aig an robh ceangal ri Eilean a' Cheò. Tha corr math is còig ceud duilleag ann an Leabhar Mòr an Eilein Sgitheanaich agus air a h-uile duilleag tha fiosrachadh a tha inntinneach.

Chan eil e gu diofar càit am fosgail thu an leabhar seo, leughaidh


The Great Book of Skye

**Tormod Dòmhnallach agus Cailean MacGhilleathain
(air fhoillseachadh le Great Book Publishing, Port Rìgh.
£40, postachd an-asgaidh.)**

tu rudan inntinneach a bheir ort smaoineachadh. An robh fios agaibh dè an ceangal aig Agatha Christie ris an Eilean Sgitheanach? Gheibh iad freagairt na ceiste anns an leabhar seo.

Leughaidh sinn mu iomadh sgoilear, ministear, dotair, saighdear agus neach-teagaisg ann an Leabhar Mòr an Eilein. Ach tha iomadh neach eile ris an coinnich sinn an seo nach robh ainmeil taobh a-muigh an eilein aca fhèin ach a dh'fhàg cuimhneachain as an dèidh. Nach math gu bheil ìslean agus uaislean gualainn ri gualainn air na duilleagan. Tha na ficheadan agus na ficheadan de dhealbhannan mìorbhaileach anns an leabhar a tha air an toirt am follais gu snasail. Chì thu ceanglaichean eadar teaghlachan nach do thuig thu a bha ann. Tha am faclair ag ràdh gur e *leabhar mòr-eòlais a'* Ghàidhlig air *encyclopaedia*. 'S e sin da-rìreabh a tha anns an leabhar seo.

Eaglais Ghàidhlig ann an Lunnainn



Na bu tràithe air a' bhliadhna seo, nuair a bha e ann an Lunnainn, thadhail ar caraaid, Ailean Mac an Tuairneir, air eaglais a bha a' comharradh gu bheil i a-nis dà cheud bliadhna de dh'aois. Tha an coitheanal an-diugh ceangailte ris an Eaglais Aonaichte Ath-leasaichte, ach aig toiseach a h-eachdraidh b'i seo Eaglais Ghàidhlig Lunnainn. Chuir Ailean

fiosrachadh thugainn mu eachdraidh na h-eaglais agus taisbeanadh ga chumail mar chuimhneachan air an dà cheud bliadhna a chaidh seachad.

Gu h-àrd chì sibh dealbh-làimhe de dh'Iain MacArtair (1755-1840) a bha 'na mheadhan air coitheanal Gàidhlig a bhith air a stèidheachadh ann am prìomh-bhaile Shasainn. Sgrìobh e aithisg ann an 1801 ag ràdh gum bu chòir caibeal Gàidhlig agus Beurla a bhith air a thogail do dh'Albannaich Lunnainn. Bha MacArtair a' seasamh gu làidir air taobh cànan agus cultar nan Gàidheal. Bha e air a ràdh gun do thuit a sheanair aig blàr Chùl Lodair. Thug e air Comann Gàidhealach Lunnainn airgead a thional a thogadh taigh-adhraidh ann an Hatton Garden. 'S e fear air an robh Seumas Bòid a' cheud mhinistear a bha air an eaglais.

Ministear cho iomraiteach a bha air an eaglais seo 's e an t-Urr. Eideard Irving a chaidh a stèidheachadh ann an 1822. Bha duilgheadas ann an toiseach a chionn nach robh eòlas aige air a' Ghàidhlig. Bhiodh sluagh mòr a' tighinn ga èisteachd agus bhiodh an togalach a' cur thairis le luchd-adhraidh. Am measg an luchd-èisteachd bha Uilleam Gladstone òg a bhiodh bliadhnachan mòra an dèidh 'na Phrìomhair air Breatann. Chaidh Irving a chur as an dreuchd le Clèir Lunnainn, a bha a' cumail a-mach nach robh na beachdan aige, gu h-àraidh air daonnachd

Iosa, sgrìobtarail. Bha e a' creidsinn cuideachd ann a bhith a' labhairt ann an teangannan.

Lean ochd ceud ball Eideard Irving a-steach don choitheanal ùr a chuir e air chois. Chaochail e leis a' chaitheamh ann an 1834. Ged nach d'fhuair e aois mhòr, sgrìobh e mòran leabhraichean. Bha ministear Gàidhealach, Iain MacLeòid Caimbeul, air fear den fheadhainn a bha a' taobhadh ri beachdan Irving, agus chaidh e fhèin a chur às an dreuchd.

Biodh Mo Shùil-sa Gach Rè Ort

*Biodh mo shùil-sa gach rè ort,
A Dhè mhòir nan dùl,
Gun aon nì air m'aire
'S air m'anam ach Thu;
Biodh mo smuain agus m'ùidh ort
Am dhùsgadh 's a thàmh,
Mo sholas Thu 's m'aoibhneas
A dh'oidhche 's a là.*

*Mo ghliocas 's mo chiall Thu
'S mo Bhriathar ro-naomh,
Mise chaoidh annad
'S Tus' annam nar n-aon;
Is Tù m'athair treunmhor,
'S mi fèin do mhac maoth,
Do chòmhnaidh am chridhe
'S mi 'm chiomach fod ghaol.*

*Gur Tù mo sgiath chatha,
Mo chlaidheamh sa bhlàr;
Is m'urram 's mo shòlas,
Mo ghlòir is mo ghràdh,*

*Sàr-dhìdean mo spioraid,
Mo thùr binneach, àrd;
Mo threòir agus m'iùl Thu,
Gam stiùireadh tre chàs.*

*Is suarach mu mhaoin mi
'S mu fhaoin-mholadh chàich,
'S gur Tusa mo shaidhbhreas
Is m'òighreachd gach là;
Mo rùn agus m'iarrrtas
Ard-thighearna nan speur,
Is m'ulaidh is m'iargain
O iochdar mo chlàibh.*

*A Thighearna nan sluagh,
Nuair thig buaidh anns a' bhlàr,
Aisig mo cheuman,
Gu èibhneas nan Ard;
A chridhe mo chridhe,
Air slighe mo bhàis,
Biodh mo shùil riut ag èirigh,
A Dhè mhòir nan gràs.*

Chaidh an t-seann laoidh seo a chur ri chèile an toiseach ann an Gàidhlig na h-Eireann, ma dh'fhaodhte cho fada air ais ris an ochdamh linn. Fhuair mi an t-eadar-theangachadh seo am measg nam pàipearan aig an Urr. Iain MacLeòid, nach maireann a bha anns an Oban. 'S e eileanach eile a bha a' fuireach anns an Oban a thionndaidh an dàn gu Gàidhlig na h-Alba. B'esan Iain MacGhilleathain, a bhuineadh do Rathairsear, a bha os chionn Ard-sgoil an Obain o 1950 gu 1966. Bu bhràthair e don bhàrd iomraiteach Somhairle MacGhilleathain, agus bha spiorad na bàrdachd aige-san cuideachd, a bharrachd air a bhith sgileil ann a bhith ag eadar-theangachadh o chànanan eile don Ghàidhlig.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Rinn Thu an samhradh agus an geamhradh." Tha na faclan sgrìobhte ann an Leabhar nan Salm. Tha iad anns a' cheathramh salm deug thar an trì fichead, aig an t-seachdamh rann deug. (Salm 74:17.) Rinn Dia aimsirean na bliadhna. Thug E dhuinn an samhradh, le làithean grianach brèagha. Thug E dhuinn cuideachd an geamhradh. Chan eil an t-side cho math aig an àm seo den bhliadhna. Chan eil na làithean cho blàth. Ach tha a mhaise fhèin aig a' gheamhradh. Tha na beanntan a' coimhead àlainn nuair a tha sneachd air am mullach. 'S e àm ullachaidh a tha anns a' gheamhradh.

Tuigidh mi gu bheil droch shìde an iar oirnn. Bidh bàtaichean-iasgaich anns an loch mu choinneamh an taighe. An-dè bha còig bàtaichean ag iasgach anns an loch. Cha robh e comasach dhaibh a bhith ris an iasgach far a bheil an cuan domhainn. Bha an latha stoirmeil. Ach, coltach ri iasgairean Ghalile, bha aca ri bhith ag obair ged a bha droch shìde ann. Bha barrachd fasnachaidh aca anns an loch far a bheil mise a' fuireach. Nuair a thig side nas fheàrr thèid iad a-mach gu doimhneachd a-rithist. Feumaidh an t-iasgair a bhith eòlach air na gaothan agus air a' mhuir.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Chan eil tuil air nach tuig traoghadh". (Every flood will have an ebb.)

Tha àiteachan ann an Alba far an dèan tuiltean milleadh. Bidh aibhnichean a' cur thairis. Nì iad milleadh air taighean. Nì iad milleadh air achaidhean far a bheil crodh agus caoraich aig tuathanaich. Bidh daoine saorsainneil nuair a thig turadh. Rì tìde cha bhi na h-aibhnichean cho làn. Bidh na h-achaidhean tioram a-rithist. Ged a bhios làithean duilich ann, cha mhair iad. Nuair a tha rudan a' dol nar n-aghaidh, tha e math dùil a bhith againn ri làithean nas fheàrr.

Nuair a thig an geamhradh tha na h-oidhcheannan nas fhaide. Tha cothrom againn leabhraichean a leughadh. A h-uile seachdain tha sinn a' cluinntinn mu leabhar ùr a' tighinn a-mach anns a' Ghàidhlig. Tha taobh spioradail air cuid de na leabhraichean sin. Bhiodh e math cothrom a ghabhail caibideil às a' Bhìoball a leughadh a h-uile oidhche. Bhiodh e math tòiseachadh le soisgeul Mharcuis. 'S e sin an soisgeul as giorra agus as sìmplidhe a tha ann. Bha dòigh aig Marcus air mòran a ràdh ann am beagan fhaclan. Bheir e cuideachadh do luchd-ionnsachaidh a bhith a' leughadh an Tiomnaidh Nuaidh ann an Gàidhlig. Bheir an leughadh sin teagasg agus treòrachadh dhuinn cuideachd mun

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Moladh sìorraidh do ar Dia-ne,
a chuir losa don an fheòil;
ghabh ar nàdar 's phàigh na fiachan,
's thug E dìoladh a bha mòr.
Gheibh an coigreach uaithe blàths,
thig 'na fhàbhar airson lòn;
is cha dìobair E gu bràth e,
's mòr a ghràs dha air gach dòigh.*

Ged nach robh Ruairidh MacFhionghain à Beàrnaraigh na Hearadh, cho ainmeil mar bhàrd ri a bhràthair, Eachann, tha e soilleir gu robh gibhtean sònraichte aige. Ann an 1932 thàinig leabhran a-mach le deich de na dàin spioradail aig Ruairidh. Seo a' cheud rann ann an tè de na laoidhean sgrìobh e, air an fhonn, *An gleann 's an robh mi òg*. Bha e ag obair ann an Grianaig nuair a chaidh an leabhran fhoillseachadh. Thill e a Bheàrnaraigh far am biodh e tric air ceann sheirbheisean. Chaochail e ann an 1966.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu àiteachan anns a' Bhìoball air a bheil iomradh againn air aodach. 1. Na sgrìobhaichean agus na Pharasaich. 2. Geal. 3. Barnabas agus Pòl. 4. Aaron.

AM MORAIR MACLEOID

Tha sinn a' cur mealadh-naidheachd air an t-Siorram Ruairidh Iain MacLeòid, a tha a-nis 'na chathraiche air Cùirt an Fhearainn. Tha e air an tiotal Morair MacLeòid Mhinginis a thaghadh, mar chomharradh air an sgrì anns an Eilean Sgitheanach dam buin e. Bidh e a' toirt taic do na seirbheisean Gàidhlig ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann agus bho àm gu àm 's e a bhios air ceann an adhradh.

SEIRBHEIS A' MHOID

Mar as trice cha bhi *Dèanamaid Adhradh* air an ràdio nas fhaide na leth-uair an uaireadair. Ach bha uair a thìde aig seirbheis fhosglaidh a' Mhòid ann an Inbhir Nis. Agus bha an t-seirbheis air a craoladh beò, rud nach bi a' tachairt tric nar latha-ne. Bha cothrom aig an fheadhainn nach cuala an t-seirbheis feasgar èisteachd rithe air an oidhche. Air ceann na seirbheis bha an t-Urr. Tormod Maclamhair, a bha air Tairbeart na Hearadh agus a tha an-diugh a' fuireach ann an Inbhir Nis. Rinneadh moladh air cho ceòlmhor agus cho làidir agus a bha seinn a' choitheanail.

ADHBHAR GAIRE

Bha Moderàtor an Ard-sheanaidh air chuairt ann am fear de na h-eileanan. Aig seirbheis shònraichte sheinn clann na Sgoil Shàbaid laoidh. Bha tè de na caileagan aig nach robh am fonn ceart agus nuair a shuidh a' chlann thionndaidh càch agus thug iad sùil bhiorach air Fionnghal bho chd. Mhothaich am ministear don seo agus thubhairt e ris a' chloinn an ath Dhidòmhnach gum faca e na rinn iad an dèidh an laoidh a sheinn. "Seadh," ars tè de na h-ighnean, "agus bha sibhse a' call bhur lùiths a' gàireachdaich."

Urnaigh

A Dhè ar n-athraichean agus ar Dia-ne,
tha sinn a toirt taing dhut
airson geallaidhean an t-Seann Tiomnaidh.

Tha sinn gad mholadh
gu robh geallaidhean nam fàidhean
air an coileanadh
ann an teachd an t-Slànaigheir
a dh'ionnsaigh an t-saoghail,
'na bheatha air an talamh,
'na bhàs air a' chrann-cheusaidh
agus 'na aiseirigh ghlòrmhor o na mairbh.

Dèan taingeil sinn as-ùr
airson teachdaireachd na Nollaig.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Seo sealladh air an Taobh Tuath
ann an ceann a deas na Hearadh.

Tha na bailtean air taobh an iar na Hearadh,
leithid an Taobh Tuath, torrach,
le machraichean uaine.

Ged a tha taobh an ear an eilein nas creagaiche,
tha a mhaise fhèin aige.

(An dealbh le Linda Gowans.)